

Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdail 2027

‘Na biodh eagal ort’



**Peidiwch ag ofni
Ná bíodh eagla oraibh
Do not be afraid**

18-25 FAOILLEACH 2027



www.ctbi.org.uk/weekofprayer



Rinneadh stòrasan na Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdail am-bliadhna ann an saoghal neo-sheasmhach ge bith an ann a thaobh dhàimhean eadar-nàiseanta, poilitigs nàiseanta no bannan coimhearsnachd ionadail. Bha mì-chinnt dhaoine cho domhainn agus cho farsaing gun robh e coltach gur dìomhain an obair eadhon feuchainn ri ro-innse mar a dh'fhaodadh an suidheachadh a bhith air atharrachadh mun àm a chitheadh Crìosdaidhean air feadh an t-saoghail an stuth an ceann beagan mhìosan.

Am measg na neo-sheasmhachd, na mì-chinnt agus an eagail seo airson an ama ri teachd, dh'fheuch riochdairean eaglaisean na h-Èireann ri ar tilleadh gu firinn nas doimhne ar creideimh leis a' chuspair, 'Na biodh eagal ort, a threud bhig,' bho Lùcas 12:22-34. Tha e air cuimhneachadh dhuinn, ann an àm eagail agus deuchainn, nach e a-mhàin gu bheil gaol agus cùram Dhè dhuinn seasmhach agus gun atharrachadh, ach gum faod firinn a' ghràidh sin a bhith a' faireachdainn nas fhìre agus nas fhaisge nuair a lorgas sinn tèarmann nar creideamh.

Is fhada bhon a bha eaglaisean na h-Èireann eòlach air a bhith a' toirt taic do dhaoine a bha a' fulang pian còmhstri, call agus eu-dòchais. Tha an turas a tha coimhearsnachdan Crìosdail na h-Èireann air siubhal còmhla air an toirt gu àite aithreachais airson nan amannan anns an do rinn dìth caidreachais agus aonachd am measg Chrìosdaidhean còmhstri nas miosa agus an dochann a dh'adhbhraich e nas gèire. Tha iad cuideachd a' toirt fianais air an dòchas a thig le fianais Chrìosdail air tiodhlac an rèiteachaidh, air a thabhann don chomann-shòisealta nas fharsainge ann an spiorad iriosal conaltraidh.

Tha taobhan sònraichte de na thachair ann an Èirinn a bheir buaidh air mar a tha na h-eaglaisean a' buntainn ri chèile, ach san stòras seo tha na sgrìobhadairean air feuchainn ri cuimseachadh air na dòighean as fharsainghe as urrainnear na dh'ionnsaich iad a chur gu feum. Chan eil iongnadh sam bith ann gu bheil Aonta Bheul Feirste/Dihaoine na Ceusta 1998 air a mheas na sholas dòchais do shluaghan ann an còmhstri air feadh an t-saoghail. Aig àm nuair a tha còmhstri mu dhearbhaithne a' sgaoileadh agus a' sìor fhàs nas miosa, aig an taigh agus air feadh an t-saoghail, dè a ghabhas ionnsachadh bhon chompàirteachadh leantainneach aca le sìth neo-iomlan, neo-chrìochnaichte ann an Èirinn? Gu h-àraidh, dè a dh'fhaodadh an Eaglais ionnsachadh mun chothromachadh eadar taic a thoirt do choimhearsnachdan a tha a' strì agus seasamh an aghaidh bheachdan mì-chothromach agus giùlan cunnartach is millteach?

Thug Èirinn nas fhaide a' tionndadh gu cùisean saoghalta agus air falbh bhon eaglais na mòran àiteachan eile ann an taobh siar na Roinn Eòrpa agus bha e gu sònraichte pianail nuair a nochd naidheachdan uabhasach mu dhroch dhìol anns na h-eaglaisean gu tuath agus deas san eilean. Tha eaglaisean tric san latha an-diugh gam faighinn fhèin air an iomall ann am beatha choimhearsnachdan agus tuigidh mòran a' ghairm gus cothroman ùra airson fianais agus ath-bheothachadh a rannsachadh airson daoine air an iomall.

Tha an t-Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdail a' cuimhneachadh dhuinn gu cumhachdach, ge bith dè tha sinn a' fulang, nach eil sinn nar n-aonar, agus tha e gar brosnachadh gus meòrachadh air an neart a thig bho cho-chomann agus sinn a' dèiligeadh ri dùbhlain còmhla.

**An t-Oll Nicola Brady, Àrd-rùnaire,
Eaglaisean Còmhla ann am Breatainn agus Èirinn**






Chaidh na h-ùrnaighean agus na smuaintean airson na Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdail am-bliadhna ullachadh le riochdairean nan eaglaisean ann an Èirinn. Ged a tha eilean na h-Èireann air a roinn eadar dà uachdranas poilitigeach, tha na h-eaglaisean a tha air an riochdachadh le Comhairle Eaglaisean na h-Èireann agus Co-labhairt Easbaigean Caitligeach na h-Èireann ag obair air stèidh uile-eileanach. Bidh ceannardan nan eaglaisean a' coinneachadh gu cunbhalach agus, mar Bhuidheann Ceannardan Eaglaise, bidh iad an sàs le riaghaltasan, buidhnean poblach agus coimhearsnachdan gus guth an t-soisgeil fhilleadh a-steach ann an còmhraidh poblach.

'S e Ìosa ar Buachaille Math, làn-earbsach gus ar stiùireadh air slighe mhath na beatha a dh'ionnsaigh uisgeachan beathachaidh a' pailteis. Mar am Buachaille Math, tha Ìosa na eisimpleir de cheannardas ìobairteach a ghluaiseas a dh'ionnsaigh na h-aon chaorach a chaidh air seacharan. Ann an Lùcas 12:22-34, tha Ìosa a' gairm a luchd-leanmhainn a-mach à eagal agus a dh'ionnsaigh na beatha seo de dh'earbsa radaigeach, dòchas furachail agus seirbheis chunntachail. Chan ann air deisciobail leotha fhèin a tha na teagasgan seo ag amas ach air coimhearsnachd: 'treud bheag' air a gairm gus fuireach, ùrnaigh agus obair còmhla. Tha an t-Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdail am-bliadhna gar fiathachadh gus sgrùdadh na tha e a' ciallachadh a bhith nad neach-leanmhainn air a' Bhuachaille Mhath: a' cur an cèill mar a bhios cridheachan furachail agus leigeil às eagal nam brosnachadh làidir airson rèite agus fianais cho-roinnte.

Co-theacsa ionadail ann an Èirinn: iomallachd mar chothrom

Rud a bha uaireigin co-cheangailte ri dearbh-aithne Èireannach, tha Crìosdaidheachd a' sior fhàs nas lugha agus nas iomallaiche ann an comann-sòisealta a tha a' fàs nas saoghalta gu luath. Ach, seach a bhith a' comharrachadh crìonadh no neo-bhuntainneachd, tha an gluasad seo a' fosgladh chothroman ùra airson meòrachadh, ùrachadh agus rèite. Tha na h-eaglaisean an-còmhnaidh dealasach do dh'fhianais bheò air feadh eilean na h-Èireann. Ann an spiorad gealladh Chrìosd don 'treud bheag' (Lùcas 12:32), tha coimhearsnachd Chrìosdail na h-Èireann air a gairm gus a h-àite a ghabhail anns a' cheàrnaig phoblach le dòchas làn creideimh agus fianais aonaichte. Le bhith ag aideachadh ar laigse, ar bacaidhean agus ar so-leòntachd, tha sinn an urra barrachd ri Dia agus a' faireachdainn gràs cruth-atharrachail.



Bidh aonachd Chrìosdail ann an cleachdadh cuideachd a' toirt slànachadh don chomann-shòisealta nas fharsainghe. Mar a bhios eaglaisean ag obair còmhla gu frithealadh dhaibhsan a tha air an iomall, tha iad a' toirt fianais do luachan na rìoghachd a dh'ainmich Ìosa. An seo tha dòchas Lùcais 12:32 a' fàs soilleir: ged nach eil an 'treud beag' a' riaghladh gu cultarach tuilleadh, tha e na chomharradh air an Rìoghachd – tè a tha air a togail chan ann air cumhachd ach air gaol, tròcair agus seirbheis. Tha Eaglaisean na h-Èireann an-diugh air an neartachadh tro làthaireachd agus compàirteachadh dhaoine à taobh an ear na Roinn Eòrpa, Afraga, Àisia agus nas fhaide air falbh, agus tha an diofar dhòighean beatha agus adhradh aca a' doimhneachadh ar fianais choitcheinn.

A' gluasad air adhart còmhla

'S e gairm Dhè don treud bheag gairm gu aonachd ann an iomadachd – beatha choinnte ann an Crìosd a chuireas às do dh'eagal, a ghabhas cùram dha chèile agus a ghlèidheas a thiodhlacan le adhbhar cumanta. Ann an suidheachadh caochlaideach na h-Èireann agus air feadh na cruinne, tha an aonachd seo a' deàrrsadh nas soilleire nuair a ghabhas sinn ris, chan ann mar cho-ionannachd, ach mar thuras de dhèisteachd dhian, fianais iriosal agus cùram dha chèile. Ged a tha eadar-dhealachaidhean ann an diadhachd, cuimhne agus traidisean ann fhathast, bidh sinn a' coiseachd air adhart còmhla, air ar rèiteachadh agus a' dèanamh rèite, a' gabhail aithreachas airson fhàilligidhean san àm a dh'fhalbh agus a' cuimseachadh as ùr air Crìosd, a rinn ùrnaigh 'gum biodh iad uile nan aon' (Eòin 17:21). Mar a thòisicheas sinn an t-Seachdain Ùrnaigh seo airson Aonachd Chrìosdail, gum biodh sinn a' stiùireadh an t-saoghail a dh'ionnsaigh Rìoghachd na tròcair, na seirbheis dha chèile agus a' ghràidh dhilis.

(Gheibhear sealladh farsaing air teacsa a' Bhiobaill air làrach-lìn CTBI <https://ctbi.org.uk/wpcu2027/>).

¹ Ann an 1921 chaidh eilean na h-Èireann a sgaradh, agus mar thoradh air sin chaidh Èirinn a Tuath a stèidheachadh, mar phàirt den Rìoghachd Aonaichte. An-diugh tha Èirinn a Tuath air a riaghladh le Seanadh tiomnaichte Stormont ann am Beul Feirste, agus tha an còrr den eilean fo uachdranas Riaghaltas na h-Èireann ann am Baile Àtha Cliath.

Latha 1

Is e an Tighearna mo bhuachaille; cha bhi mi ann an dìth

‘Uime sin, tha mise ag ràdh ribh, na biodh ro-chùram oirbh mu
thimcheall ur beatha,’ (Lùcas 12:22)

Salm an latha: Salm 23

Mìneachadh

Is e an Tighearna mo bhuachaille; cha
bhi mi ann an dìth;
ann an cluaintean glasa bheir e orm
laighe sìos;
làimh ri uisgeachan ciùine
treòraichidh e mi;
Aisigidh e m’anam;
treòraichidh e mi air slighean
na fireantachd
air sgàth a ainme fhèin.
Seadh, ged shiubhail mi tro ghleann
sgàil a’ bhàis,
cha bhi eagal uilc orm,
oir tha thusa maille rium;
bheir do shlat is do lorg
comhfhurtachd dhomh.
Deasaichidh tu bòrd fam chomhair
ann am fianais mo nàimhdean;
dh’ung thu le ola mo cheann,
tha mo chupa a’ cur thairis.
Gu cinnteach leanaidh math agus
tròcair mi
uile làithean mo bheatha;
agus còmhnaichidh mi ann an taigh
an TIGHEARNA
fad mo làithean.

Earrainnean Sgrìobtair a bharrachd

Lùcas 12:22-34; Isaiah 40:9-11;
Eòin 10:7-15

Tha an salmadair cinnteach gu bheil
Dia a’ toirt seachad a h-uile rud a
dh’fheumas sinn, eadhon anns na
gleanntan as duirche nar beatha, far a
bheil Dia nar companach dileas. Tha
Salm 23 a’ tarraing air faireachdainnean
domhainn daonna: eagal, aonaranachd
agus so-leòntachd – faireachdainnean
a nochdas ann an iomadh dachaigh aig
àm cho mì-chinnteach mu na làithean
ri teachd. Ach, mar Chrìosdaidhean
agus mar Eaglais, tha sinn air ar gairm
gu bhith nar sluagh dòchais, le earbsa
ann an gaol cruth-atharrachail Chrìosd
airson a h-uile duine. Freumhaichte
ann an creideamh agus cinnteach mu
chùram Dhè, tha sinn a’ coimhead ris
an ìomhaigh eòlach den bhuachaille
thròcaireach a tha a’ stiùireadh agus
a’ dìon a threud. Ann an Iosa, am
Buachaille Math a tha a’ leigeil sìos
a bheatha airson nan caorach (Eòin
10:15), lorgaidh sinn misneachd agus
sìth. Le buachaille mar sin, bidh eagal
a’ tionndadh gu dòchas, agus tha sinn
air ar stiùireadh gu coimhead a-mach,
aonaichte ann an adhbhar agus ann
an gaol. Oir is e Crìosd a tha gar
cruinneachadh còmhla agus a’ cur nar
cuimhne, ‘Na biodh eagal ort, a threud
bhig, oir is e deagh thoil ur n-Athar an
rìoghachd a thoirt dhuibh’ (Lùcas 12:32).

Cnuasachadh

'Na biodh eagal ort, a threud bhig'

'Na biodh eagal ort, a threud bhig'

Ged as farsaing na sgàilean, tha guth
caomh a' gairm air an fheadhainn a
tha sgìth.

Thar tirean air chrith, eagal gun tàmh,
talamh neo-sheasmhach.

Tha ùrnaigh na h-aonachd fhathast
làidir.

Mar a choisicheas sinn tro ghleann an
atharrachaidh agus na h-imcheist,
tha sinn air ar dìon le Buachaille agus
annsan gheibh sinn sìth.

Bidh sinn a' leantainn ar turas dòchais
tro thìr an aineoil,

uile tèarainte na ghràdh, ar dearbh-
aithne paisgte na ghràs.

Ùrnaigh

Tha mi a' ceangal rium fhìn an-diugh,
cumhachd Dhè a bhith a' dìon agus
a' stiùireadh,

a shùil airson coimhead, a chumhachd
airson fuireach,

a chluas airson èisteachd ri m' fheum;
gliocas mo Dhè airson teagasg,
a làmh gus stiùireadh, a sgiath gus
mo dhion,

facal Dhè airson cainnt a thoirt dhomh
a armailtean-nèamh airson a bhith nam
fhreiceadan.

*(Bho Saint Patrick's Breastplate, air a chur
ann an rannan le Cecil Frances Alexander)*

Ceistean

Pearsanta: Ciamar a tha thu air a bhith
mothachail air Dia gad chuideachadh tro
ghleann dorcha?

Ionadail: Ciamar a dh'fhaodadh tu
ceangal ri daoine eile gus sgeul nas
dòchasaiche a chruthachadh nad sgìre?

Cruinneil: Dè as urrainn dhuinn a
thabhann gus an urrainn dhuinn a bhith
nar pàirt de dh'obair Dhè ann an ath-
nuadhachadh dòchais gus saoghal làn
eagail a shlànachadh?

Theirig agus Dèan

(www.ctbi.org.uk/goanddo)

Pearsanta: Cò as aithne dhut a tha beò ann an àite eagail? Smaoinich air mar as
urrainn dhut coiseachd còmhla riutha.

Ionadail: Faigh a-mach dè tha Crìosdaidhean a' dèanamh còmhla san sgìre agad
gus dòchas Chrìosd a cho-roinn, agus gabh pàirt.

Cruinneil: gabh pàirt ann an Cearcall Ùrnaigh Comhairle Eaglaisean na
Cruinne agus geall a bhith ag ùrnaigh gu cunbhalach airson do nàbaidhean agus
gan tuigsinn nas fheàrr: <https://www.oikoumene.org/resources/prayer-cycle>

Latha 2

O na doimhneachdan ghlaodh mi riut, a Thighearna

‘Cia mòr as fheàrr sibhse...’

Salm an latha: Salm 130: 1-6

O na doimhneachdan ghlaodh mi riut,
a Thighearna.

A Thighearna, èisd rim ghuth!

Thugadh do chluasan an aire

do ghuth m’athchuingean!

Ma chomharraicheas tusa

aingidheachd, a Thighearna;

A Thighearna, cò a sheasas?

Ach maille riutsa tha maitheanas,

agus uime sin bidh eagal air daoine
romhad.

Tha mi a’ feitheamh air an Tighearna,

tha m’anam a’ feitheamh,

agus na fhacal tha mo dhòigh.

Tha m’anam a’ feitheamh air

an Tighearna

nas mò na luchd-faire na maidne,

seadh, na luchd-faire na maidne.

duine ‘ceart’; tha uallach air gach aon

againn. An cuir sinn romhainn àite

Ìosa a lorg agus èigheachd ris bho

dhoimhneachd ar cràidh? Feumaidh

gach neach dòchas a shireadh gus am

bi e air a roinn leis a’ mhòr-chuid.

Thuig Bartimeus, gus faighinn na bha

e ag iarraidh, gum feumadh e bhlàths

(a chleòca) a thrèigsinn mus èigheadh

e, ‘Dèan tròcair orm!’ Chunnaic

Ìosa e, stad e agus dh’fhaighnich e

gus dìreach: ‘Dè tha thu ag iarraidh

orm dèanamh dhut?’ Agus is e sin

a’ cheist a tha Ìosa a’ faighneachd

dhuinn. Tha pian mòr an lùib sgaradh

Criosdail, tha e gar dalladh, ach ma

dhèigheas uiread de dhaoine fa leth

agus coimhearsnachdan creideimh,

cluinnidh Dia sinn.

Earrainnean Sgrìobtair a bharrachd

Lùcas 12:24b; Eòin 5:1-5;

Marcas 10:46-52

Mineachadh

Frionas, briseadh dàimh, aonaranachd,

còmhstri, fòirneart, sgrios – cuiridh

iad uile coimhearsnachd ann an

geamhradh rèda a’ bhròin. Chan eil

Cnuasachadh

Bidh cnuimh uaigneach

anns an ùir a’ tionndadh,

is gann a nì i a’ chùis

a dh’aindeoin saothair chruaidh.

Ach ùir air ath-beothachadh

bun-os-cionn,

mar ghaisgich

ùraichidh an talamh.

Ùrnaigh

Cuidich mi gus siubhal thar crìochan
m' eòlais
gu tìr m' aineoil.
Thoir dhomh an creideamh gus seann
dhòighean fhàgail
agus talamh ùr a bhriseadh
còmhla riut.
A Chrìosd nan dìomhaireachdan, tha
mi a' cur earbsa annad
a bhith nas treasa na gach stoirm
annam.
Cuiridh mi earbsa anns an dorchadas
agus bidh fios agam
gu bheil mo bheatha, eadhon a-nis,
nad làimh.
Gleus mo spiorad ri ceòl nèimh,
agus, dòigh air choireigin, cuir m'
ùmhlaichd gu obair nad sheirbheis.
Amen.

(Air a bhrosnachadh le sgeulachd

Naoimh Bhrianainn an Seòladair
(c. 484-577))

Ceistean

Pearsanta: Nuair a tha cùisean dona, an iarr thu cofhurtachd agus creideamh bhon Tighearna a chumas gach nì, no am fuirich thu ann an àmhghar?

Ionadail: An urrainn dhut pian pearsanta sam bith aithneachadh annad fhèin agus ann an daoine eile mun cuairt ort, bhon eòlas agad air eas-aonta?

Cruinneil: Mar a choimheadas tu air an t-saoghal againn, dè as urrainn dhut aithneachadh agus ainmeachadh mar phris an eas-aonta?

Theirig agus Dèan

(www.ctbi.org.uk/goanddo)

Pearsanta: Mar a dh'fhàgas Bartimeus a chleòca air chùl gus siubhal le Ìosa, smaoinich air dè an t-aodach as urrainn dhut a thoirt do bhanca aodaich ionadail.

Ionadail: Às dèidh dhut eas-aonta mun cuairt oirnn ainmeachadh, comharraich drochaid a bu chòir a thogail. Gabh a' chiad cheum a dh'ionnsaigh seo.

Cruinneil: Ceangail ri carthannas a bhios ag obair le daoine le ciorram fradhairc. (Mar eisimpleir: <https://www.sightsavers.org/about-us/>)

Latha 3

Cò às a thig mo chobhair?

‘...far nach tig an gadaiche am fagas...’

Salm an latha: Salm 121: 1-2

Togaidh mi mo shùilean a-chum
nam beann,
On tig mo chobhair.
Thig mo chobhair on Tighearna,
a rinn nèamh agus talamh.

Earrainnean Sgriobtair a bharrachd

Lùcas 12:33; Iosua 1:7-9;
Ephèsianaich 6:10-17

Mineachadh

Mar a thionndaidheas sinn ar sùilean a dh'ionnsaigh an ama ri teachd agus sinn iomagaineach mu shìor chòmhstri, fòirneart agus sgaradh, anns a' chomann-shòisealta agus nar n-eaglaisean, tha Salm 121 ag iarraidh oirnn mothachadh càite bheil a' bhagairt, na cunnartan aithneachadh agus cuideachadh iarraidh bhon Tighearna ('a rinn nèamh agus talamh'). Le bhith a' toirt aire do dhèirigh feachdan na làimh dheis agus nàiseantachd Chrìosdail air feadh an t-saoghail, tha e cudromach na bagairtean sin ainmeachadh agus sgeulachdan meallta a bhreugnachadh, agus tha e deatamach gun coimhead sinn ri Dia airson stiùireadh agus

neart. Tha sinn air ar brosnachadh gun a bhith a' freagairt bho àite eagail, ach bho àite sìthe agus sàsachd. Tha sinn air ar cumhachdachadh gus a bhith beò agus ag obair ann an dòchas co-roinnte Dhè agus air ar gairm a bhith a' cuimhneachadh air fìrinn Dhè – gu bheil misneachd, neart agus cumhachd air an toirt seachad, chan ann airson a bhith a' ceannsachadh agus a' faighinn buaidh, ach airson seirbheis agus rèiteachadh.

Ùrnaigh

Bi nad lasair shoilleir romham;
bi nad rionnag-iùil os mo chionn;
bi nad shlighe rèidh fodham;
bi nad Bhuachaille coibhneil air
mo chùlaibh
an-diugh, a-nochd agus gu bràth.
Amen.

(Air a chur às leth Naoimh Chaluim Chille (521-597))

Cnuasachadh

Tha sinn a' coimhead air na
sgrìonaichean againn –
Cò às a tha an t-eagal seo a tha sinn a'

faireachdainn a' tighinn?
 Air a bhrosnachadh le fuasglaidhean
 fuadain,
 a bhios ag adhartachadh cumhachd
 agus saibhreas.
 Tha àl nan nathraichean-nimhe a'
 feuchainn ri toirt oirnn a bhith a'
 gràdhachadh dìreach an fheadhainn
 a tha a' coimhead coltach rinn,
 gar mealladh gu bhith a' cruthachadh
 uachdranasan a tha a' frithealadh ri
 sannt a-mhàin.
 Ach dè chì thu nuair a choimheadas tu
 seachad air an sgrion,
 nuair a ghlacas tu leus solais a'
 deàrrsadh a-steach bhon
 Rìoghachd eile,
 nuair a sguabas tu air falbh an
 còmhachadh agus a leigeas tu leis an
 fhirinn peantadh air canabhas gun
 truailleadh?

Ceistean

Pearsanta: Dè na diofar rudan a chuidicheas tu gus a bhith dòchasach nuair a thig eagal, iomagain agus bagairt am follais?

Ionadail: Dè na sgrìobtaran, na h-òrain agus na sgeulachdan a tha air do choimhearsnachd a bhrosnachadh tro amannan dùbhlanaich? Smaoinich air a bhith a' roinn na dh'fhaodadh a bhith brioghmhor.

Cruinneil: Dh'fhaodadh an turas a dh'ionnsaigh aonachd a bhith air fhaicinn mar strì suas cnoc – dè na cnapan-starra a dh'fhaodadh a bhith nar slighe? Dè na h-eisimpleirean bho àiteachan eile as urrainn dhut a roinn a bheir dòchas agus a bhrosnaicheas tu fhèin agus do choimhearsnachd gus a dhol an sàs nas doimhne?

Theirig agus Dèan

(www.ctbi.org.uk/goanddo)

Pearsanta: Smaoinich air na tha gad fhàgail fo eagal agus lorg dòighean air tuigse nas doimhne fhaighinn air dè dha-rìribh as adhbhar dha, a' leigeil le dòchas Dhè a bhith an làthair.

Ionadail: Lorg dòighean air sgeulachdan ionadail mu aonachd, sìth agus togail Rìoghachd Dhè a cho-roinn far a bheil thu: sgeulachdan nach gabh a thruailladh no a mhilleadh le fathann no breug.

Cruinneil: Rannsaich grunn stòran eadar-dhealaichte gus sgeulachdan a chluinntinn bho air feadh an t-saoghail mu Rìoghachd Dhè ga dhèanamh fìor, agus rannsaich mar as urrainn don choimhearsnachd chreideimh pàirt a ghabhail.

CINN-LATHA

Mar as tric bidh an t-Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdail air a cumail eadar 18 is 25 Faoilleach (ochdamh Naoimh Peadair agus Naoimh Pòil). Ach, bidh cuid de bhuidhnean a' taghadh amannan eile den bhliadhna, gu sònraichte timcheall air a' Chaingis a tha na latha samhlauchail airson aonachd na h-eaglaise. Dèan do cho-dhùnadh fhèin, a rèir an t-suidheachaidh ionadail agad. Gus an gabh a chleachdadh aig àm sam bith den bhliadhna, bidh comharra 1-8 air stuth nan Làithean.

ÒRDUGH SEIRBHEIS

Faodar an t-òrdugh seirbheis ann am meadhan an leabhraich a tharraing a-mach agus lethbhreac a dhèanamh dheth, ma thogras tu. Air neo, faodar na goireasan uile a luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn CTBI agus tha fàilte ort an atharrachadh airson cleachdadh ionadail. Feuch an comharraich thu gur e tùs an stuth stòrasan Eaglaisean Còmhla ann am Breatainn agus Èirinn, Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdail.

BALLA AONACHD CHRÌOSDAIL

Feuch an cuir sibh fiosrachadh agus dealbhan de na tachartasan, ùrnaighean agus teachdaireachdan aonachd agaibh ris 'a' bhalla' aonachd Chrìosdail aig weekofprayer.org le bhith a' postadh gu Facebook, Instagram no X a' cleachdadh an hashtag #wpcuwall.

AITHNE NAN DEALBHAN

Chaidh na dealbhan uile airson na Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdail fhaighinn bho thùsan as fhaodar a chleachdadh an-asgaidh. Ma thèid an ath-chleachdadh, bu chòir creideas ainmeachadh mar a leanas:

Dealbh còmhdaich, (td1 agus td 13): Ted Erski bho Pixabay.

Crois Cheilteach (td2): Bernhard Stårck bho Pixabay.

Grian air an Uisge (td3): Chris Aram bho Pixabay.

Caoraich (td4 agus 5): Hans bho Pixabay.

Inneach (td1,6-11, 13, 26-35): Christophe bho Pixabay

Grian agus Caoraich (td14-24) Alfred Derks bho Pixabay.

Beinn (td25): yeshaya dinerstein bho Pixabay.

Crois Cheilteach (td36): krystianwin bho Pixabay.

Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdail 2027

‘Na biodh eagal ort’



© Churches Together in Britain and Ireland

churches
together
IN BRITAIN AND IRELAND®

Òrdugh Adhraidh

Ro-ràdh

Am-bliadhna, chaidh an comharrachadh eadar-eaglaiseach ullachadh le sgioba a' riochdachadh diofar thraidiseanan Crìosdail ann an Èirinn, air a stiùireadh le Comhairle Eaglaisean na h-Èireann agus Co-labhairt Easbaigean Caitligeach na h-Èireann.

Cuspair

Tha an taghadh de theacsaichean biobaill agus liotuirgeach air a bhrosnachadh le iomhaigh an 'treud bhig' (Lùcas 12:32). Tha Crìosdaidhean ann am mòran àiteachan san t-saoghal beò ann an suidheachaidhean far a bheil iad nan treud beag, agus uaireannan nan treud air a gheur-leanmhainn. Tha an abairt 'treud Dhè' air a chleachdadh anns an t-Seann Tiomnadh agus an Tiomnadh Nuadh gus bruidhinn air sluagh Dhè, a tha coltach ri caoraich fo chùram buachaille. 'S e iomhaigh a th' ann a tha freumhaichte gu domhainn ann an cultar dùthchannan a' Bhìobaill, far an robh buachailleachd na phrìomh dhreuchd. Tha iomhaigh cùram gràdhach buachaille a' dearbhadh don treud nach fheum iad a bhith fo eagal, ach gun urrainn dhaibh earbsa a chur na dhìon agus na sholar.

Anns na h-amannan buairesach agus mì-chinnteach seo, tha sinn a' toirt taing airson an dìon a lorgas sinn nar creideamh agus an neart a tha sinn a' tarraing bhon chomann againn le chèile. Tha sinn a' cur dùbhlann oirnn fhìn seasamh an aghaidh togradh a bhith a' teicheadh bhon t-saoghal a shireadh sàbhailteachd. Tha sinn ag ùrnaigh airson neart gus fianais choitcheann, mhisneachail a thoirt don t-saoghal roinnte againn air gaol Dhè don h-uile duine, gu h-àraidh an fheadhainn a tha a' fulang ana-ceartas, fòirneart agus geur-leanmhainn, anns an dùthaich seo fhèin agus air feadh an t-saoghail.

A' tarraing air iomhaigh èirigh na grèine, tha cearcall aig meadhan chroisean Ceilteach Èireannach, a' riochdachadh èirigh Chrìosd, solas an t-saoghail. Rè an adhraidh, faodar dealbhan clò-bhuailte de chrois Cheilteach a thoirt a-mach don choithional. Faodar ùrnaighean agus draghan a sgrìobhadh air na croisean agus an cruinneachadh a-steach a-rithist.

Faodar na teacsaichean a tha air an sònrachadh don Stiùiriche (S) a roinn a-mach eadar na diofar ghuthan bho na diofar thraidiseanan a tha an làthair. San aon dòigh, faodar teacsaichean a tha air an sònrachadh do Neach-leughaidh (NL) a sgaoileadh am measg grunn dhaoine. Faodar an ùrnaigh crìochnachaidh agus am beannachadh a ghairm còmhla le riochdairean bho na diofar choimhearsnachdan a tha an làthair.





Laoidh

Ro-ràdh

Stiùiriche

Sith dhuibh

Coithional

Agus dhutsa cuideachd.

Stiùiriche

Tha Crìosd nar measg

Coithional

Tha, agus bidh an-còmhnaidh.

Stiùiriche

Tha sinn cruinn ann an ainm Chrìosd gus ùrnaigh airson aonachd nan Crìosdaidhean uile. Tha an t-Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdail am-bliadhna air a stiùireadh le faclan Ìosa: ‘Na biodh eagal ort, a threud bhig,’ bho earrann ann an Soisgeul Lùcais.

Chaidh an t-seirbheis eadar-eaglaiseach am-bliadhna ullachadh le Crìosdaidhean bho dhiofar eaglaisean air feadh eilean na h-Èireann. Còmhla riutha, tha sinn a’ toirt taing, às dèidh iomadh bliadhna de dhealachadh, gun tàinig iad gu bhith a’ tuigsinn gur e ionmhas coitcheann a th’ anns an dualchas Chrìosdail a thug Naomh Pàdraig agus na naoimh thràth eile don tìr aca.

An Ùrnaigh Tòiseachaidh

Neach-leughaidh

Is beannaichte thusa, a Thighearna Dia na cruthaidheachd uile. Is beannaichte thusa, Ìosa Crìosd, an t-Slighe, an Fhirinn agus a’ Bheatha.

Is beannaichte thusa, a Spioraid Naoimh, an Tighearna a bhuilicheas beatha

Is beannaichte thusa, a Thrianaid Naoimh.

Is beannaichte thusa, agus do naomhan.
Is beannaichte an coithional seo agus sinn a' tighinn còmhla nad
làthaireachd dhiadhaidh
gus adhradh ann an ainm an Athar, a' Mhic agus an
Spioraid Naoimh.

Coithional

Amen.

Laoidh

Ùrnaigh buidheachais agus caoidh

Neach-leughaidh

Tha sinn a' toirt taing gun deach ar gairm gu bhith nar n-aon,
(*fois ghoirid*) ach tha sinn a' caoidh gu bheil sinn tric a' briseadh
ar n-aonachd.

Coithional

A Chrìosd ar Buachaille, aonaich sinn mar aon treud.

Neach-leughaidh

Tha sinn a' toirt taing gu bheil aon Bhuachaille againn, (*fois ghoirid*) ach tha sinn a' caoidh gu bheil sinn tric a' fàiligeadh ri
feadhainn eile aithneachadh mar a chuid fhèin.

Coithional

A Chrìosd ar Buachaille, aonaich sinn mar aon treud.

Neach-leughaidh

Tha sinn a' toirt taing gun deach ar baisteadh ann an aon
chreideamh, (*fois ghoirid*) ach tha sinn a' caoidh gu bheil sinn
tric ag obair air dhòigh eile.

Coithional

A Chrìosd ar Buachaille, aonaich sinn mar aon treud.

Neach-leughaidh

Tha sinn a' toirt taing gu bheil aon dòchas againn, (*fois ghoirid*)
ach tha sinn a' caoidh gu bheil sinn tric a' dùnadh a-mach daoine
eile bhuaith.

Coithional

A Chrìosd ar Buachaille, aonaich sinn mar aon treud.



Neach-leughaidh Tha sinn a' toirt taing airson a' ghràidh a tha gar ceangal ann an cùram dha chèile, (*fois ghoirid*) ach tha sinn a' caoidh gur ann dhuinn fhìn as motha a bheir sinn cùram.

Coithional A Chrìosd ar Buachaille, aonaich sinn mar aon treud.

An t-Sìth

Stiùiriche Oir a mheud agaibh a bhaisteadh do Chrìosd, chuir sibh umaibh Crìosd.

Coithional Alleluia!

Stiùiriche Sìth an Tighearna dhuibh an-còmhnaidh.

Coithional Agus dhutsa cuideachd.

Leughaidhean Sgrìobtair

A' chiad leughadh - Eseciel 34:15-22

Neach-leughaidh Beathaichidh mise mo threud, agus bheir mi orra laighe sìos, deir an Tighearna Dia. Iarraidh mi a' chuid a chailleadh, agus bheir mi air ais a' chuid a dh'fhuadaicheadh air falbh, agus ceanglaidh mi suas a' chuid a bhriseadh, agus neartaichidh mi a' chuid a bha tinn: ach sgriosaidh mi an reamhar agus an làidir; beathaichidh mi iad sin le breitheanas.

Agus air ur son-se, O mo threud; mar seo tha an Tighearna Dia ag ràdh, Feuch, bheir mise breith eadar sprèidh agus sprèidh, eadhon na reitheachan agus na gobhair fhìreann. An nì suarach leibhse an innis mhath ithe suas, ach gun saltair sibh fòs a' chuid eile den ionaltradh sìos fo ur casan? Agus òl de na h-uisgeachan



domhain, ach gur èiginn dhuibh a' chuid eile a shalachadh le ur casan? Agus airson mo threud-sa, tha iad ag ithe an nì sin a shaltair sibh fo ur casan, agus ag òl an nì sin a rinn ur casan a thruailleadh.

Air an t-adhbhar sin, mar seo tha an Tighearna Dia ag ràdh riu, Feuch, bheir mise, mise fhèin breith eadar an sprèidh reamhar agus an sprèidh chaol. O chionn gun do thulg sibh le taobh agus le slinnein, agus gun do rinn sibh uile an t-easlan a phurradh le ur n-adhaircean, gus an do sgainnir sibh iad o chèile: Uime sin, tèrnaidh mise mo threud agus cha bhi iad nas mò nan creich agus bheir mi breith eadar sprèidh agus sprèidh.

Salm 23

(Faodar tionndadh air a sheinn a chleachdadh.)

Earrann an t-Soisgeil - Lùcas 12.22-34

Neach-leughaidh Soisgeul Ìosa Crìosd a rèir Lùcais.

Coithional Glòir dhut, a Thighearna ar Dia.

Neach-leughaidh Agus thuirt [Ìosa] ra dheisciobail, Uime sin, tha mise ag ràdh ribh, na biodh ro-chùram oirbh mu thimcheall ur beatha, ciod a dh'itheas sibh; no mu thimcheall ur cuirp, ciod a chuireas sibh umaibh. Is mò a' bheatha na am biadh, agus an corp na an t-aodach. Thugaibh fa-near na fithich: oir chan eil iadsan a' cur no a' buain; chan eil aca taigh-tasgaidh no sabhal; agus tha Dia gam beathachadh: cia mòr as fheàrr sibhse na an eunlaith? Agus cò agaibh-se, le ro-chùram, as urrainn aon làmh-choille a chur ra àirde fhèin? Mura h-eil sibh uime sin comasach air an nì as lugha a dhèanamh, carson a tha sibh ro-chùramach mu nithean eile? Thugaibh fa-near na lildhean, cionnas a tha iad a' fàs: chan eil iad a' saothrachadh no a' sniomh: gidheadh tha mi



ag ràdh ribh nach robh Solamh fhèin na ghlòir uile air a sgeadachadh mar aon dhiubh seo. Agus ma tha Dia mar sin a' sgeadachadh an fheòir, a tha an-diugh anns a' mhachair agus a-màireach air a thilgeadh anns an àmhainn, nach mòr as mò a sgeadaicheas e sibhse, O dhaoine air bheag creidimh? Uime sin, na iarraibh-se ciod a dh'itheas sibh no ciod a dhòlas sibh, agus na bithibh amharasach. Oir na nithean seo uile tha cinnich an t-saoghail ag iarraidh: ach tha fhios aig ur n-Athair-se gu bheil feum agaibh air na nithean sin. Ach iarraibh-se rioghachd Dhè, agus cuirear na nithean seo uile ribh.

Na biodh eagal ort, a threud bhithe; oir is e deagh thoil ur n-Athar an rìoghachd a thoirt dhuibh. Reicibh na bheil agaibh, agus thugaibh dèirc uaibh: dèanaibh dhuibh fhèin sporain nach fàs sean, ionmhas nach teirig, anns na nèamhan, far nach tig gadaiche am fagas, agus nach truail na reudan. Oir ge bè àite anns a bheil ur n-ionmhas, an sin bidh ur cridhe mar an ceudna.

Searmon

Sàmhchair no pìos ciùil.

Gnìomh samhlauchail

(faodar ìomhaigh den chrois Cheiltich Èireannaich a thaisbeanadh air sgrìon aig an ìre seo)

Neach-leughaidh Air an tarraing gu Crìosd agus a chrois, ann an ùrnaigh airson aonachd Chrìosdaidhean, cuimhnichidh sinn nach fheum sinn a bhith fo eagal, ionann ri a threud bheag. A' tarraing air ìomhaigh èirigh na grèine, tha cearcall aig meadhan chroisean Ceilteach Èireannach, a' riochdachadh èirigh Chrìosd, solas an t-saoghail.

Fhad 's a tha ceòl a' cluich, tha aire air ìomhaigh na croise Cheiltich agus sinn ag ùrnaigh airson daoine ann an suidheachaidhean eagal is iomagain, gum biodh Crìosd an làthair. An uair sin tha an Stiùiriche ag iarraidh air a' choithional cuspair ar n-ùrnaighean a sgrìobhadh air dealbhan na croise (air a thoirt seachad ro-làimh).

Aidmheil-chreideimh

Neach-leughaidh Bha Pàdraig, prìomh naomh na h-Èireann, beò sa chòigeamh linn. Na òganach, chaidh a thoirt am braighdeanas a dh'Èirinn agus a chur a dhòbair a' buachailleachd treud chaorach. Nas fhaide air adhart, nuair a bha e na inbheach, chaidh a ghairm a bhith na mhiseanaraidh, agus cha b' fhada gus an robh e a' soisgeulachadh agus a' buachailleachd treud Dhè anns an tìr far an robh e aon uair na thràill. Cluinnidh sinn a ghuth fhèin:

Neach-leughaidh 2 'Nuair a ràinig mi Èirinn agus a bha mi a' coimhead às dèidh nan treudan fad na h-ùine, rinn mi ùrnaigh gu tric a h-uile latha. Agus barrachd is barrachd, dh'fhàs gaol Dhè agus an t-eagal roimhe annam, agus mheudaich mo chreideamh agus dh'fhàs mo spiorad beòthail. Uiread is gun do rinn mi ùrnaigh suas ri ceud uair san latha, agus cha mhòr cho tric air an oidhche. Dh'fhuirich mi eadhon anns a' choille agus air a' bheinn airson ùrnaigh. Agus – ge b' e clachan-mheallain, uisge no sneachda a bhiodh ann – bha mi an-àirde ron mhadainn a dh'ùrnaigh, agus cha robh mi a' faireachdainn olc no leisg spioradail sam bith nam bhroinn. Tha mi a' tuigsinn seo a-nis: aig an àm sin “bha Spiorad na dèine” annam.'

(Bho Chonfessio Naoimh Phàdraig)

Stiùiriche Le ar spiorad air a bheothachadh le gaol Dhè, gràdhaicheamaid a chèile, gus an urrainn dhuinn le aonachd inntinn ar creideamh coitcheann aideachadh:

Coithional Tha sinn a' creidsinn ann an aon Dia,
an t-Athair, an t-Uile-chumhachdach,
cruithear nèimh agus talmhainn, de na h-uile a tha faicsinneach
is neo-fhaicsinneach.

Tha sinn a' creidsinn ann an aon Tighearna, Iosa Crìosd,
aon Mhac Dhè, air a ghintinn gu siorraidh on Athair,
Solas o Sholas, fìor Dhia o fhìor Dhia,



ginte, chan ann dèante, den aon susbaint ris an Athair.
Leis an do rinneadh a h-uile nì.
Air ar son-ne agus airson ar saoraidh
thàinig e a-nuas o nèamh;
le cumhachd an Spioraid Naoimh,
ghabh e colann daonna den Òigh Moire agus rinneadh na
dhuine e.
Air ar son-ne cheusadh e fo Phointius Pilat;
dh'fhuiling e bàs agus dh'adhlaiceadh e.
Air an treas latha dh'èirich e a-rithist a rèir nan Sgriobtaran;
chaidh e suas gu nèamh agus tha e na shuidhe aig deas-làimh
an Athar.
Thig e a-rithist ann an glòir a thoirt breith air na beòthaibh
agus air na mairbh,
agus air a rìoghachd cha bhi crìoch.
Tha sinn a' creidsinn anns an Spiorad Naomh,
an Tighearna, tabhartair beatha,
a tha a' tighinn on Athair.
Leis an Athair agus leis a' Mhac, tha e air adhradh agus air a
ghlòrachadh,
a labhair tro na Fàidhean.
Tha sinn a' creidsinn ann an aon Eaglais naomh chaitligeach
agus abstolach.
Tha sinn ag aideachadh aon bhaistidh gu maitheanas
pheacannan.
Tha dùil againn ri aiseirigh nam marbh,
agus ri beatha an t-saoghail a tha ri teachd. Amen.

Ùrnaighean Eadar-ghuidhe

Neach-leughaidh

A Bhuachaille Mhaith,
tha sinn ag ùrnaigh airson d' Eaglais, cruinnichte nad ghràs phailt.
Gum bi sinn nar sluagh a tha a' cur luach air a chèile,
a tha a' gabhail ri iomadachd agus a' comharrachadh
eadar-dhealachadh.

Gum bi d' Eaglais na h-àite far a bheil aonachd ann an iomadachd.

Nad thròcair,

Coithional

èist ri ar n-ùrnaigh.

Neach-leughaidh

A Bhuachaille Mhaith,
tha sinn ag ùrnaigh airson do shaoghail a tha an urra ri do ghràdh
beathachaidh.

Gum bi sinn nar sluagh a tha a' strì airson sunnd nan uile.

Gum bi an fheadhainn aig a bheil cumhachd agus buaidh ag obair
le ceartas.

Gum bi do shaoghal na àite far am faod a h-uile duine
làn-bheatha fhaighinn.

Nad thròcair,

Coithional

èist ri ar n-ùrnaigh.

Neach-leughaidh

A Bhuachaille Mhaith,
tha sinn ag ùrnaigh airson nan uile a tha air an geur-leanmhainn
airson an creideimh,
agus an fheadhainn a tha air an cràdh air sgàth an dearbh-aithne, an
creideas an no an cùl-raon.

Gum bi sinn air ar misneachadh gus dùbhlán a thoirt do
shìostaman agus cumhachdan oilbheumach.

Gum bi ar coimhearsnachdan air an cruth-atharrachadh le teachd
do Rìoghachd.

Nad thròcair,

Coithional

èist ri ar n-ùrnaigh.

Neach-leughaidh

A Bhuachaille Mhaith,
tha sinn ag ùrnaigh airson na planaid, ar dachaigh sho-leòinte,
a' caoidh ar dearmaid fhèin-thoileil.

Gum bi sinn nar sluagh a tha ag obair gu ceart airson na
cruthaidheachd gu lèir.



Gum bi an talamh gu lèir air a lionadh le glòir Dhè.

Nad thròcair,

Coithional

èist ri ar n-ùrnaigh.

Neach-leughaidh

A Bhuachaille Mhaith,
tha sinn ag ùrnaigh air ar son fhèin, a' seasamh ann an solas
do ghràis.

Gum bi sinn air a' lionadh le thròcair gus sìneadh a-mach
thucasan a tha feumach, agus thucasan a tha beò am measg
aimhreit agus còmhstri.

Gum bi sinn a' toirt do shlànachaidh gu beatha bhrìste.

Nad thròcair,

Coithional

èist ri ar n-ùrnaigh.

Neach-leughaidh

A Bhuachaille Mhaith,
èist ris na h-ùrnaighean a tha sinn air a thabhann.
Èist cuideachd ris na h-ùrnaighean neo-labhairteach a thig bho
mhiannan ar spioradan.

Mar a gheibh sinn do ghairm gus do Rìoghachd a shireadh an
toiseach, mar sin tha sinn ag ùrnaigh,

Coithional

Ar n-Athair ...

Laoidh

Ùrnaigh chrìochnachaidh

Stiùiriche

Las ar lampaichean, a Shlànaigheir as gràdhaiche dhuinn,
gus am bi sinn an-còmhnaidh a' deàrrsadh nad làthair
agus a' faighinn solas bhuat an-còmhnaidh, an Solas Sìorraidh,
gus an tèid ar dorchadas pearsanta fhèin a chur fodha,



agus dorchadas an t-saoghail a sgiùrsadh bhuainn.

Coithional

Amen.

(Air a bhrosnachadh le searmon Naoimh Chaluim Chille)

Beannachd

Stiùiriche

Gum beannaicheadh an Tighearna thu, agus gun gleidheadh e thu;
gun tugadh an Tighearna air a aghaidh dealrachadh ort, agus
biodh e gràsmhor dhut;

Gun togadh an Tighearna suas a ghnùis ort, agus gun tugadh e
sìth dhut.

Coithional

Amen.

(Àireamhan 6:24-26)

~ . ~

Còir-lethbhreac nan dealbhan:

Dealbh còmhdaich, (td13): Ted Erski bho Pixabay.

Inneach (td13): Christophe bho Pixabay.

Grian agus Caoraich (td14-24): Alfred Derks bho Pixabay.

**Earrainnean Biobaill bho Chomann-Bhioball Dùthchail na h-Alba,
7 Sreath Hampton, Dùn Èideann, EH12 5XU 1992**



Latha 4

Tha an Tighearna mu thimcheall a shluaigh

‘Agus ma tha Dia mar sin a’ sgeadachadh an fheòir..’

Salm an latha: Salm 125: 1-3

Bidh iadsan a dh'earbas anns an
Tighearna mar Shliabh Shioin,
nach caraichear, ach a mhaireas
gu sìorraidh.
Mar a tha na beanntan mu thimcheall
Ierusalem,
mar sin tha an TIGHEARNA mu
thimcheall a shluaigh,
on àm seo agus gu bràth.
Oir cha ghabh slat nan daoibh tàmh
air crannchur nam firean,
air eagal gun sìneadh na fireanan
an làmhnan a-chùm euceirt.

Earrainnean Sgrìobtair a bharrachd

Lùcas 12:28; Mata 6:25-33;
Ròmanaich 8:31-32

Mineachadh

Tha an ìomhaigheachd san t-salm seo gar
gairm gu iongnadh. Cò ris a tha e coltach
àite-còmhnaidh Dhè a shamhlachadh?
Coltach ri Beinn Shioin, an èirich an
fheadhainn a tha a' cur earbsa anns an
Tighearna; an seas iad agus an cuir iad
dìon air na daoine so-leònte; an cuir
iad an gàirdeanan timcheall chàich
mar a tha na beanntan a' cuairteachadh
Ierusalem? Tha an salm a' seinn gur e
seo a tha dha-rìribh do-ghluasadach –
gaol, ceartas, cùram dha chèile a bheir
beatha dha na h-uile a tha beò ann an

cruthaidheachd Dhè. Chan eil àite aig slat
na h-aingidheachd, samhla gleansach de
chumhachd meallta agus fòirneartach,
airson fois a ghabhail no falach no greim
fhaighinn air fearann agus beatha nam
fireanan.

Ann an Ròmanaich, tha sinn cinnteach
nach urrainn dad ar sgaradh bho ghràdh
Dhè ann an Ìosa Crìosd; mar sin, bu
chòir dhuinn strì gu dèanamh cinnteach
nach eil dad gar sgaradh bho chèile. Air
sgàth làthaireachd an Spioraid Naoimh
annainn, is urrainn dhuinn an cruth-
tìre atharrachadh ge bith càite an tèid
sinn, a' briseadh sìos bacaidhean agus
a' lorg shlighean gu chèile. Mar a tha na
beanntan a' cuairteachadh Ierusalem, tha
gaol neo-chrìochnach Dhè, tromhainn,
a' gabhail ri ar daonnachd cho-roinntè.
Buinidh sinn dha chèile; chaidh ar
cruthachadh airson a chèile.

Cnuasachadh

Tha mi nam àite-còmhnaidh beag,
chan eil mi air mo dhèanamh de chlach,
ach duslach air fàs soilleir,
far an aithne don t-sìorraidheachd m' ainm
agus far a bheil e beò annam.

A' lìonadh gach anail agam,
a' nochdadh anns gach smuain agam
a' slànachadh nan ràsairean
a ghearras, a ghuth

a' maothadh agus a' socrachadh
cuimhne
gu maitheanas.

Tha Dia a' tàmh annam,
làthaireachd dho-chìosnaichte,
Gun creidinn e
agus gum bithinn beò ann
gach latha,
agus e ag ionnsachadh dom chridhe
briseadh mar a chridhe fhèin.

Ùrnaigh

Criosd bi còmhla rium, Criosd annam,
Criosd air mo chùlaibh, Criosd romham,
Criosd ri mo thaobh, Criosd gam
bhuannachadh,
Criosd gum fhurtachadh agus gam
ath-nuadhachadh,
Criosd fodham, Criosd os mo chionn,
Criosd ann an sàmhchair, Criosd ann
an cunnart,
Criosd ann an cridheachan nan uile a

tha gam ghràdhachadh,
Criosd ann am beul caraid agus
coigrich.

*(Bho Saint Patrick's Breastplate, air a
chur ann an rannan le Cecil Frances
Alexander)*

Ceistean

Pearsanta: Smaoinich air na tha gad
sgaradh bho chàch agus smaoinich air
mar a dh'fhaodadh tu dèiligeadh ris.

Ionadail: Càite anns a'
choimhearsnachd agad a bhios daoine
a' cruinneachadh, agus dè a dh'innseas
dhaibh gu bheil fàilte orra? Ciamar
as urrainn dhad choimhearsnachd
creideimh ionnsachadh bho seo?

Cruinneil: Cò ris a bhiodh e coltach
ar gàirdeanan a phasgadh timcheall air
ar nàbaidhean cruinneil?

Theirig agus Dèan

(www.ctbi.org.uk/goanddo)

Pearsanta: Smaoinich air raointean nad bheatha far am faodadh dùbhlain a
bhith nan cothroman, agus obraich air aon de na cothroman sin.

Ionadail: Dèan obair shaor-thoileach aig tachartas no le buidheann ionadail a
tha a' tabhann cofhurtachd agus taic sa choimhearsnachd.

Cruinneil: Rannsaich ciamar as urrainn dhut tabhartas a thoirt seachad, agus
obair is ùrnaigh a dhèanamh le buidheann leasachaidh eadar-nàiseanta. Mar
eisimpleir, <https://www.christianaid.org.uk/> no <https://cafod.org.uk>.

Latha 5

Tha Dia nan slògh leinn

‘Oir ge bè àite anns a bheil ur n-ionmhas...’ (Lùcas 12:34)

Salm an latha: Salm 46:10-11

Bithibh sàmhach, agus tuigibh gur
mise Dia,
àrdaichear mi am measg nan cinneach,
àrdaichear mi air thalamh.
Tha Dia nan slògh leinn,
is e Dia Iàcoib as didean dhuinn.

Earrainnean Sgriobtair a bharrachd
Lùcas 12:34; Gnàth-fhacail 3:21-26;
Lùcas 9: 1- 6

Mineachadh

Ann an amannan duilich, tha sinn
bualteach a bhith a’ faireachdainn
gum feum sinn rudeigin a ‘dhèanamh’,
gu bheil feum air gnìomh, agus gun
leasaich ar ‘gnìomh’ an suidheachadh.
Ach, gu math tric, is e an rud as
fheàrr stad agus dìreach ‘a bhith ann’,
a bhith ‘an làthair’ còmhla riuthasan
a tha fo chùram. Mus can e, ‘Bithibh
sàmhach,’ tha an salmair a’ peantadh
dealbh soilleir de shaoghal ann an
aimhreith, rud air a bheil mòran
daoine eòlach. Is tric a thèid ar
gabhail thairis le buaireadh a h-uile
càil a tha a’ tachairt agus tha sinn air

ar mealladh gu bhith a’ freagairt le
ulla-thruis, no a bhith air ar reothadh
le eagal. A dh’aindeoin sin, tha Dia
maille rinn, na thobar sìorraidh de
thoileachas, ar n-àite co-roinnte de
dh’fhasgadh agus neart. ‘S dòcha
gur e cuireadh gus stad a th’ anns an
t-salm seo agus na mionaidean seo
romhad. A bhith sàmhach. A bhith
an làthair dhaibhsan mun cuairt ort.
A bhith ag aithneachadh gu bheil
coimhearsnachd ann, teaghlach
Eaglaise nas fharsainghe, a tha air an
cumhachdachadh le Ìosa a bhith nan
eisimpleir de neart agus aonachd san
t-saoghal bhriste seo.

Cnuasachadh

Thigibh.
Thigibh còmhla.
Thigibh, agus seallaidh mi dhuibh dè
tha e a’ ciallachadh rudeigin a thogail
aig a bheil fìor luach.
Is dòcha nach fhaic sibh an obair
chrìochnaichte gu bràth,
ach,
ann a bhith a’ tighinn còmhla,

ann an làthair a chèile,
ann an àite naomh ar bith,
tha barrachd air boillsgeadh agaibh air
bruadar Dhè.

Ùrnaigh

Bi thusa mar lèirsinn dhomh, a
Thighearna mo chridhe;
Chan eil dad cudromach, ach gu bheil
thusa ann.
Bi thusa mar an smuain as fheàrr a th'
agam a latha agus a dhòidhche;
Nam dhùisg agus nam chadal, do
làthaireachd mar sholas.
Bi thusa mar ghliocas, bi thusa mar
fhìor fhacal;
Bi thusa an-còmhnaidh còmhla rium,
agus mise còmhla riutsa, a Thighearna.
Bi thusa mar Athair mòr, agus mise
nad leanabh;

Bi thusa beò annam, agus mise mar
aon leat.

*(Air a chur às leth Naomh Dallan
Forgaill (c. 530–598); air a chur ann an
rannan le Eleanor Hull)*

Ceistean

Pearsanta: ‘Bithibh sàmhach, agus
tuigibh gur mise Dia!’ Cò ris a bhiodh
seo coltach dhutsa?

Ionadail: Aig àm mì-chinnt, ciamar as
urrainn dhut an ceartas, an t-sìth agus
an t-aoibhneas a tha a’ sruthadh bho
Dhia a thoirt gu buil còmhla, anns a’
choimhearsnachd shònraichte agad?

Cruinneil: Ciamar a dh’fhaodadh don
choimhearsnachd chreideimh agad a
bhith na eisimpleir de dh’aonachd ann
an saoghal briste?

Theirig agus Dèan

(www.ctbi.org.uk/goanddo)

Pearsanta: Gabh ùine airson stad, a bhith sàmhach agus mothachadh air
amannan brioghmhor de dh’aonachd anns an robh thu an sàs. Rannsaich cuid
de dhòighean air an t-eòlas seo a dhoimhneachadh.

Ionadail: Lorg dòighean brioghmhor airson a’ choimhearsnachd chreideimh
agad ‘feitheamh còmhla ri’ agus ‘a bhith an làthair còmhla ri’ daoine anns a’
choimhearsnachd agad.

Cruinneil: Leasaich dàimhean le coimhearsnachdan Crìosdail air feadh an
t-saoghail agus roinn sgeulachdan mu mar a tha Ìosa a’ toirt cumhachd do
neart agus aonachd.

Latha 6

Rinn an Tighearna nithean mòra air ar son-ne

‘Is e deagh thoil ur n-Athar an rioghachd a thoirt dhuibh’
(Lùcas 12:32)

Salm an latha: Salm 126

Nuair a thug an Tighearna air ais
braighdeanas Shioin,
bha sinn mar dhaoine a chunnaic
aisling.

An sin lionadh ar beul le gàire,
agus ar teanga le luathghàire;

An sin thubhairt iad am measg
nan cinneach,

Rinn an TIGHEARNA nithean mòra
air an son.

Earrainnean Sgriobtair a bharrachd

Lùcas 12:22-34; Isaiah 35:5-7; 2

Corintianaich 5:11-21

Mineachadh

Tha na leughaidhean Sgriobtair againn
an-diugh ag innse dhuinn gum faodar
a h-uile càil ùrachadh ann an Dia,
agus aig an aon àm a’ cur nar cuimhne
an dleastanas a bhith a’ dèanamh
nas urrainn dhuinn anns an obair
slànachaidh seo. Anns a’ cho-theacsa
againn, tha sinn a’ cuimhneachadh
mar a dh’atharraich Aonta Bheul
Feirste/Dihaoine na Ceusta 1998
suidheachaidhean agus dàimhean. Sgaoil
faireachdainn de shàbhailteachd mean
air mhean agus thòisich càirdeas ùr a’ fàs.
Thug an obair sìthe neo-choileanta, neo-

iomlan seo dòchas ùr do chomainn eile
ann an còmhstri, ag ath-nuadhachadh
creideamh anns a’ chomas airson rèite.
Mar a bhios sinn ag obair gus na lotan
a tha air fhàgail a shlànachadh agus gus
briseadh saor bho sgàilean an ama a
dh’fhalbh, tha sinn a’ toirt taing airson
nam beannachdan a bheir Dia dhuinn
ri roinn.

Cnuasachadh

Fuirich ort.

An cluinn thu e?

Chan e crith is tuiteam rioghachdan.

Fuirich ort.

Am fairich thu e?

An gràinnean, mus fàs an neamhnaid às.

Fuirich ort.

An fhidir thu e?

An t-sàmhchair mus tarraing thu anail,
an t-àite eadar an tuil agus an tràigh

Tha mòmaid ann a dh’aithnicheas
sinn uile,

nuair a bhios do Spiorad a’ beantainn
annainn,

nuair a bhios d’ anail a’ sliobadh
ar craicinn.

Tuigidh sinn nach e gaoth ar drip fhèin a

th' ann tuilleadh,
ach an t-iarrtas domhainn a bhith a'
tighinn còmhla
ann an sgaoilteachd,
dìreach
gu bhith beò.

Ùrnaigh

Cha sguir sinn gu bràth de bhith a' toirt
taing dhut, a Dhè,
a chùm sinn dìleas ann an amannan
buairidh.
Dh'ion thu sinn anns na duilgheadasan
againn uile.
Cò sinn, a Thighearna, no dè ar
gairm-beatha,
is tu ag obair còmhla rinn le làthaireachd
cho diadhaidh?
Molaidh sinn agus àrdaichidh sinn d'
ainm am measg nan cinneach,
chan ann a-mhàin ann an deagh
amannan ach sna h-amannan as duilghe,
oir sheall thu dhuinn gun urrainn dhuinn

ar n-earbsa a chur annad gun teagamh.
Is tusa an Tì Naomh, saoghal gun
chrìoch. Amen.

*(Air atharrachadh bho Confessio
Naoimh Phàdraig)*

Ceistean

Pearsanta: Càite bheil thu a'
faireachdainn gu bheil thu air do ghairm
gus cur ri obair an rèiteachaidh? Dè a
dh'fhaodadh a bhith gad chumail bho
bhith a' freagairt a' ghairm sin?

Ionadail: Càite bheil thu a' faicinn
an fheum as motha airson rèite
agus slànachadh dhàimhean anns a'
choimhearsnachd ionadail agad an-
dràsta?

Cruinneil: An ainmich thu ceannardan
no buidhnean a tha an sàs ann an
obair sìthe agus ceartas cruinneil a
bhrosnaicheas tu gu dòchas?

Theirig agus Dèan

(www.ctbi.org.uk/goanddo)

Pearsanta: A' meòrachadh air far a bheil thu an dòchas gun toir Dia ùrachadh agus
slànachadh nad bheatha fhèin, sgrìobh ùrnaigh gus an dòchas sin a chur an cèill.

Ionadail: Comharraich taobh de dh'obair an rèiteachaidh a chaidh a dhearmad
no a chur air an iomall anns a' choimhearsnachd eaglaise ionadail agad agus dèan
rudeigin gus aire a tharraing thuige.

Cruinneil: Roinn teachdaireachd no naidheachd dhòchasach eadar-nàiseanta a'
cleachdadh mheadhanan sòisealta no cruthan conaltraidh eile.

Latha 7

Do thaigh an Tighearna thèid sinn

‘Oir ge bè àite anns a bheil ur n-ionmhas, an sin bidh ur cridhe
mar an ceudna’ (Lùcas 12:34)

Salm an latha: Salm 122

Bha aoibhneas orm nuair a thubhairt
iad rium,

Do thaigh an TIGHEARNA thèid
sinn.

Seasaidh ar casan

an taobh a-staigh ded gheatachan,
O Ierusalem.

Tha Ierusalem air a togail mar
àrd-bhaile

a tha air a choicheangal ri chèile.

Don tèid na treubhan suas,

treubhan an Tighearna,

gu teisteanas Israeil,

a thoirt buidheachais do ainm
an Tighearna.

Oir an sin tha cathraichean

breitheanais air an suidheachadh,

cathraichean taigh Dhaibhidh.

Guidhibh-se airson sith Ierusalem;

soirbhichidh iadsan leis an
ionmhainn thu.

Sith gu robh an taobh a-staigh ded
bhallachan,

suaimhneas ad lùchairtean!

Air sgàth mo bhràithrean agus
mo chàirdean

their mi a-nis, Sith gu robh an taobh
a-staigh dhìot!

Air sgàth taigh an Tighearna ar Dia,
iarraidh mi math dhuibh.

Earrainnean Sgrìobtair a bharrachd

Lùcas 12:22-34; Isaiah 2:1-4;

Ephèsianaich 4:1-6

Mineachadh

Chì an salmadair baile Ierusalem agus an Teampall taobh a-staigh a’ bhaile agus tha e a’ smaointeachadh air an turas dhoirbh suas an cnoc cas agus an seas e mu dheireadh ann an cùirt an Teampaill. Tha e air tighinn còmhla ri feadhainn eile bho iomadh àite a dhèanamh adhradh. Tha an salmadair ag ùrnaigh airson sith dhaibhsan mun cuairt air, uile còmhla ann an ainm an Tighearna. Chuir Ìosa a dheisciobail à Ierusalem gu ‘Iudèa agus Samaria, agus gu crìochan na talmhainn’ (Gnìomharan 1:8), a’ giùlan soisgeul na sìthe, an shalom sin a tha a’ ciallachadh chan e a-mhàin dìth còmhstri ach iomlanachd, coileantachd. Tha na leughaidhean a bharrachd, ann an diofar dhòighean, a’ bruidhinn air dè tha e a’ ciallachadh a bhith a’ coiseachd ann an solas an Tighearna, ceangal na sìthe a chumail

suas agus eòlas fhaighinn air ar son
fhèin agus eadar a chèile air an t-sith
sin a tha Iosa a' guidhe dhuinn.

Ùrnaigh

Las nar cridhe, a Dhè,
Sradag a' ghràidh sin nach teirig
gu bràth,
gus an loisg e annainn, a' toirt solas
do chàch.
Gum biodh sinn a' deàrrsadh gu bràth
nad theampall naomh,
a' soillseachadh le do sholas
shìorraidh,
eadhon do Mhac, Iosa Crìosd,
ar Slànaighear agus ar Fear-saoraidh.
Amen.

*(Air a chur às leth Naoimh Chaluim
Chille (521-597))*

Cnuasachadh

Chan eil sinn a' tuigsinn.
do shith.

Ach is aithne dhuinn e.

Agus feumaidh sinn a bhith beò ann
agus leigeil le a ghràdh
ar beatha a dhèanamh coileanta
còmhla.

Ceistean

Pearsanta: Dè as ciall dha bhith
ag adhradh ar Dia còmhla mar
Chrìosdaidhean de dhiofar
thraidiseanan?

Ionadail: Dè cho duilich 's a tha
e dhutsa/dhad choithional a dhol
tarsainn air stairsnich eaglais
coimhearsnachd Chrìosdail eadar-
dhealaichte?

Cruinneil: A bheil sith dha-rìribh
comasach san t-saoghal againn an-
diugh? Dè a dh'fheumadh e?

Theirig agus Dèan

(www.ctbi.org.uk/goanddo)

Pearsanta: Tadhail air eaglais le traidisean gu tur eadar-dhealaichte bhon
traidisean agad fhèin (le daoine eile bhon eaglais agad mas urrainnear) agus
smaoinich air na dh'fhiosraich sibh ann.

Ionadail: Lorg buidhnean nad choimhearsnachd a tha a' tagradh airson sith
agus feuch ri obair còmhla riutha.

Cruinneil: Cuir fios gu aon eaglais no buidheann creideimh eile a tha ann am
meadhan còmhstri agus compàirtich leotha.

Latha 8

*Feuch, cia math agus cia taitneach
an nì do bhràithrean còmhnaidh a ghabhail
cuideachd ann an aonachd!*

‘Tha mi ag ràdh ribh nach robh Solamh fhèin na ghlòir uile air a sgeadachadh mar aon dhiubh seo’ (Lùcas 12:27b)

Salm an latha: Salm 133

Feuch, cia math agus cia taitneach
an nì do bhràithrean còmhnaidh a
ghabhail cuideachd ann an aonachd!
Mar dheagh ola-ungaidh air a’ cheann,
a’ ruith sìos air an fheusaig,
feusag Aaroin,
a’ ruith sìos air iomall a thrusgain.
Mar dhealt air Hermon,
a thuiteas air slèibhtean Shioin;
oir an sin dh’àithn an Tighearna am
beannachadh,
beatha gu sìorraidh.

Earrainnean Sgrìobtair a bharrachd

Genesis 50:15-21; Eòin 15:12-17;
Lùcas 12:22-34

Mineachadh

Cia math agus cia taitneach an nì do bhràithrean còmhnaidh a ghabhail cuideachd ann an aonachd! Ach tha na teacsaichean naomha againn agus an t-eòlas beatha againn a’ cuimhneachadh dhuinn gu tric gum feum sinn faighinn thairis oirnn fhìn gus faighinn gu a

chèile. Tha Iòsa a’ tighinn a-steach agus a’ cur stad air argamaid a dheisciobail (Lùcas 22:24-26), tha Pòl a’ cronachadh nan Crìosdaidhean ann an Corintus (1 Corintianaich 3:3-9; 11:17-22) agus a’ brosnachadh chàich a bhith ‘a dh’aon inntinn anns an Tighearna’ (Philipianaich 4:2).

Tha fìor mhaitheanas Iòsaiph ris na bràithrean a reic e ann am braighdeanas iongantach. Eadhon ged a lean iad orra ag obair bho àite eagail, fhreagair esan le gaol. Thug aonachd buaidh air eagal agus thug e cumhachd dha freagairt le gràs, chan e gearan (Genesis 42:25).

Is e dùbhlán agus àithne Iòsa gum bi gaol againn air a chèile, gun eadar-dhealachadh gnè, clas, inbhe, cinnidh no cànan; gum bi sinn beò còmhla ann an aonachd agus spèis dha chèile. Tha e gar gairm gus faighinn thairis oirnn fhìn gus faighinn gu a chèile.

Cnuasachadh

Feuch, cia math agus cia taitneach an nì do bhràithrean còmhnaidh a ghabhail cuideachd ann an aonachd!

Tha e coltach ri gàire pàiste,
a' lachanaich ann an neoichiontachd.
Tha e coltach ri deòir nan daoine glìce,
a' sruthadh ann an àite sam bith a lorgas
iad bròn no bòidhchead.
Tha e coltach ri aisling gun chruth,
a' dannsa le cothrom gun dragh.
Tha e coltach ri pearsa an Diadhaidh
a' fàs annadsa agus annamsa gus an tèid
sinn còmhla mar aon.

Ùrnaigh

Cha mhair a' ghrian a chì sinn ag èirigh
dhuinn a h-uile latha air d' àithne, a
Chriosd, agus thig crìoch air deàrrsadh
a glòir.
Ach thusa, a Thighearna Chriosd, is tusa
an fhìor Ghrian,
an Solas nach bàsaich gu bràth, a tha sinn
ag adhradh.
Tha sinn a' dèanamh gàirdeachas leis
an eòlas gun èirich sinn a-rithist ann

an deàrrsadh do ghlòire, a Mhic nèimh
shoilleir, a tha còmhla ris an Athair
agus an Spiorad Naomh, a-nis agus gu
siorraidh bràth. Amen.

*(Air atharrachadh bho Confessio
Naomh Phàdraig)*

Ceistean

Pearsanta: Mar a bhios an t-Seachdain
Ùrnaigh seo airson Aonachd Chrìosdail
a' tighinn gu crìch, ciamar a dh'fhaodadh
ar coimhearsnachdan creideimh aonachd
fhaighinn as ùr?

Ionadail: Ciamar a dh'fhaodadh sinn
a bhith nar tosgairean aonachd anns a'
choimhearsnachd fharsaing againn?

Cruinneil: Ciamar a dh'fhaodadh sinn
guth nan daoine air an iomall a thogail
air feadh na cruinne?

Theirig agus Dèan

(www.ctbi.org.uk/goanddo)

Pearsanta: Dèan ath-cheangal ri cuideigin ri bheil thu air a bhith a' trod agus
iarr rèite.

Ionadail: Rannsaich cùis ionadail far a bheil frionas. Lorg dòighean air a bhith ag
èisteachd gu gnìomhach, a' cuimseachadh air tuigse seach freagairt.

Cruinneil: Dèan ùrnaigh agus gnìomh airson sìth ann an àite air a dhearmad a tha
glaiste ann an cogadh catharra.

Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdail 2027



Làraichean-lìn

ctbi.org.uk/weekofprayer
weekofprayer.org

Meadhanan sòisealta

#wpcu2027
#wpcuwall

Air Fhoillseachadh le

**Churches Together in Britain
and Ireland**

Interchurch House
35 Lower Marsh
Lunnainn SE1 7RL
info@ctbi.org.uk,
Fòn: 0203 794 2288

Àir. carthannas clàraichte: 1113299.
Companaidh a tha cuingichte le
barantas, àireamh clàraidh: 5661787


**churches
together**
IN BRITAIN AND IRELAND®